

CMAL a' foillseachadh co-chomhairle air Plana Gàidhlig ùraichte

Categories : [Press](#)

Date : 21st June 2016

Tha aig buill den phoball le ùidh ann an adhartachadh cleachdadh air a' Ghàidhlig gu 29 Iuchar airson am beachd a thoirt seachad air a' Phlana Gàidhlig 2016 gu 2019 aig Stòras Mara Cailleanach Eta.

Tha a' Ghàidhlig air a labhairt fada is farsaing anns na coimhearsnachdan a tha gam frithealadh le Stòras Mara Cailleanach Eta (CMAL) ann an Innse Gall agus tha am buidheann ag ath-ùrachadh a dhealas a thaobh a dhèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig laidir agus seasmach ann an Alba san àm ri teachd.

Tha clàr-ama de ghnìomhachd thairis air trì bliadhna ann am Plana Gàidhlig CMAL, a' gabhail a-steach an uimhir de shusbaint ioma-mheadhanan Gàidhlig air an làraich-lìn corporra; tionndadh Gàidhlig den mhodh ghearanan agus am faotainneachd, nuair a dh'iarrar e, de luchd-labhairt Gàidhlig aig coinneamhan poblach.

Thuirt Kevin Hobbs, an CEO aig CMAL:

“Ma tha a' Ghàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, tha e cudromach gun dèan sinn oidhirp air a h-inbhe a neartachadh agus meudachadh na cleachdadh a bhrosnachadh. Tha sinn a' tuigsinn gu bheil barrachd ann as urrainn do CMAL a dhèanamh gus an cànan a neadachadh sa buidhinn againn ann an dòigh agus gum bi e na phàirt de ar smaoineachadh ro-innleachdail, ar pròiseas cho-dhùnidhean agus ar planaichean liubhairt. Tha a' cho-chomhairle fosgailte do na h-uile agus mholainn dhaibhsan leis am bu mhath cothrom air cur ris, sin a dhèanamh le bhith a' cur a-steach am beachdan thugainn.”

Tha àireamh de ghnìomhan nan àite a-cheana aig CMAL bhon chiad Phlana Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh ann an 2010. Tha seo a' gabhail a-steach suaicheantas corporra dà-chànanach agus soidhneachd ann am puirt is calaidhean agus togalaichean oifisean a tha ann an sealbh CMAL; tionndadh Gàidhlig den làraich-lìn agus den e-litir-naidheachd ràitheil aca; eadar-theangachaidhean Gàidhlig san aithisg bhliadhnail agus poileasaidh air a thoirt a-steach a tha a' tairgsinn trèanadh Gàidhlig do luchd-obrach.

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba, a' sùileachadh ri tèarainteachd a thoirt don Ghàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis co-ionann ri Beurla agus tha Planaichean Gàidhlig nan riathanas reachdail do bhuidhnean poblach uile ann an Alba.

Gheibhear dreach den Phlana aig [an seo](#) agus pàrtaidhean le ùidh a' faotainn cuireadh gu am beachdan sgrìobhte a thaobh na co-chomhairle a chur a-steach air post-d gu Susan.Williams@cmassets.co.uk ro 29 Iuchar 2016.